

# 1540/405

---

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2009

DIMÀIRT, 12 CÈITEAN  
10.20 M – 11.50 M

EACHDRAIDH  
AN ÌRE CHOITCHEANN  
Meadhan Ìre

Freagair ceistean à Aonad I **agus** Aonad II **agus** Aonad III.

Tagh **aon** choitheacsa a-mhàin às gach Aonad agus freagair Pàirtean A **agus** B. Tagh na Coitheacsan a tha thu air a bhith ag ionnsachadh.

Seo na Coitheacsan anns gach Aonad:

Aonad I — Atharrachadh Dòigh-beatha an Albainn 's am Breatainn

Coitheacsa A: 1750an-1850an Duilleagan 2–3

Coitheacsa B: 1830an–1930an Duilleagan 4–5

Aonad II — Co-Obrachadh agus Còmhstri Eadar-nàiseanta

Coitheacsa A: 1890an–1920an Duilleagan 8–9

Aonad III — Sluagh agus Cumhachd

Coitheacsa C: An Ruis 1914–1941 Duilleagan 16–17

Coitheacsa D: A' Ghearmailt 1918–1939 Duilleagan 18–19

Cleachd am fiosrachadh sna stòran, agus an t-eòlas agad fhèin, gus na ceistean a fhreagairt.

Cùm àireamhan nam freagairtean a rèir àireamhan a' phàipeir cheist.

Chaidh beagan atharrachaidh a dhèanamh air cuid de na stòran.

## AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH-BEATHA AN ALBAINN 'S AM BREATAINN

COITHEACSA A: 1750an–1850an

## PAIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Cleachd an t-eòlas agad fhèin cuideachd sna freagairtean agad.

Tha **Stòr A** mu thaigheadas anns na teanamaintean an Dùn Èideann ann an 1752.

**Stòr A**

Air a thogail air druim cruic, chan eil ann an Dùn Èideann ach aon sràid mhath. Tha na taighean nas fhaise air a' chèile na tha iad ann am baile eile san Roinn Eòrpa. Tha na teanamaintean air an togail gu àirde a tha doirbh a chreidsinn agus mar sin chan eil mòran solais ann. Bidh mòran theaghlachan, uaireannan deich no dusan, a' fuireach os cionn a' chèile san aon togalach. Tha a' phrìomh shràid dùinte le margaidhean. Chan eil ach aon staidhre anns gach togalach agus tha iad dorcha agus salach.

1. Minich carson a bha na teanamaintean mì-fhallain airson nan daoine a bha a' fuireach anns na bailtean an Alba anns an ochdamh linn deug. 4

Tha **Stòr B** mu mar a dh'atharraich bhòtadh ann an 1832.

**Stòr B**

Bha Achd an Ath-leasachaidh Mhòir a' ciallachadh gun do chùm na daoine aig an robh saor-fhearann a b' fhiach ceathrad tastan cead bhòtadh anns na siorrachdan. Chaidh a' bhòt a-nis a thoirt do bhuidhnean eile anns na siorrachdan mar dhaoine aig an robh aontan fada air £10 de mhàl. B' e buidheann eile a fhuair a' bhòt feadhainn aig an robh aontan goirid air £50. Bhon a bha bhòtadh fhathast a' tachairt gu poblach bha smachd fhathast aig na h-uachdarain air na taghaidhean anns na siorrachdan. B' ann an Alba a bu mhotha a chaidh an àireamh a bha a' bhòtadh suas.

2. Thoir cunntas air na h-atharrachaidhean a thàinig air bhòtadh ri linn Achd an Ath-leasachaidh Mhòir ann an 1832. 3

PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

**Seo an cuspair rannsachaidh:**

Rinn daoine air a' Ghàidhealtachd an imrich gu dùthchannan eile air sàillibh bochdainn agus cruadal.

**Sgrùd na stòran gu mionaideach agus freagair na ceistean a leanas.**

**Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.**

Tha **Stòr C** air a thogail bhon “New Statistical Account” agus tha e ag innse mu Chille Mhoire, paraiste Ghàidhealach san Eilean Sgitheanach, ann an 1840.

**Stòr C**

Bha àireamh an t-sluaigh a' dol suas gu luath; barrachd 's a b' urrainn na bh' aca de thalamh a chumail beò. Bha bochdainn a' fàs pailt. Is dòcha gum biodh muinntir an àite air cumail orra a' strì airson iomadh bliadhna mura b' e gun do dh'fhàg cùisean doirbhe eile iad na bu bhochda na bha iad riamh. Nan lùib sin bha mar a thuit a' phris a bh' air crodh. B' e buille eile a bh' ann gun tàinig obair na ceilpe gu crìch. Cha robh dòigh às ach gun toireadh an riaghaltas a-steach siostam imrich airson àireamh an t-sluaigh a bheagachadh.

3. Dè cho feumail 's a tha **Stòr C** mar fhianais ann a bhith a' rannsachadh nan adhbhar airson imrich às a' Ghàidhealtachd anns na 1840an? 3

Tha **Stòr D** a' mìneachadh carson a bha mòran Ghàidheal air an tarraing gu dùthchannan thall thairis.

**Stòr D**

Do na Gàidheil bha mòran rudan tarraingeach mu na talamhan ùra ann an Canada, Astràilia is an dùthchannan eile. Bha sùil aig mòran a chaidh fhuadach den fhearann aca ri fearann àitich air beag phrìs. Bha cuid an dòchas gum biodh na dùthchannan ùra nas deamocrataiche. Bha mòran duilich a' fàgail ach bha iad a' faireachdainn nach robh roghainn eile aca. Bha roid an òir an California is a-rithist an Astràilia a' toirt air cuid falbh a' lorg an fhortain. Bha cuid eile an dòchas gum faigheadh iad obair a bhiodh iad cinnteach às.

4. Dè an fhianais a tha ann an **Stòr C** a chuireas taic ris a' bheachd gun do dh'fhàg Gàidheil an dùthaich air sàillibh bochdainn is cruadail?

Dè an fhianais a tha ann an **Stòr D nach** cuir taic ris a' bheachd gun do dh'fhàg Gàidheil an dùthaich air sàillibh bochdainn is cruadail? 5

5. Dè an ìre gu bheil thu ag aontachadh gun do dh'fhàg Gàidheil an dùthaich air sàillibh bochdainn is cruadail?

Feumaidh tu fianais às **na stòran** agus **an t-eòlas agad fhèin** a chleachdadh gu co-dhùnadh a ruighinn. 4

[CRÌOCH COITHEACSA IA]

**Tionndaidh a-nis don Choitheacsa a thagh thu ann an Aonad II.**

## AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH-BEATHA AN ALBAINN 'S AM BREATAINN

## COITHEACSA B: 1830an–1930an

## PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Cleachd an t-eòlas agad fhèin cuideachd sna freagairtean agad.

Tha **Stòr A** mu thaigheadas anns na teanamaintean san naoidheamh linn deug an Dùn Dèagh.

**Stòr A**

Bha àireamh mhòr den luchd-obrach a' fuireach ann an teanamaintean faisg air muileann no factaraidh. Bha Dùn Dèagh ainmeil airson droch thaigheadas. Cha robh ach aon rùm no dhà ann an 70% de na taighean. B' e ochdnar an àireamh chuibheasach anns gach dachaigh. Bhiodh teaghlaichean a' cadal ann an leapannan-bogsach, gu tric ceathrar anns gach tè. Bha an t-uisge, a bhiodh a' tighinn à tobraichean poblach, an-còmhnaidh salach. Nuair a chaidh toidhleat a chur air an staidhre is e leasachadh mòr a bh' ann ged nach biodh ann ach aon toidhleat airson mòran theaghlaichean, ach cha do thachair sin mar bu trice gu às dèidh 1900.

1. Minich carson a bha na teanamaintean mì-fhallain airson nan daoine a bha a' fuireach anns na bailtean an Alba anns an naoidheamh linn deug. 4

Tha **Stòr B** mu dheidhinn mar a dh'atharraich bhòtadh eadar 1850 agus 1930.

**Stòr B**

Ann an 1850 cha robh a' bhòt ach aig 5% de inbhich. Cha robh a' bhòt air a faicinn mar chòir idir ach mar chead shònraichte. Eadar 1867 agus 1885 chaidh àireamh de laghannan a dhèanamh a thug a' bhòt do roinn mhòir de na fir-obrach. Mun àm a thàinig 1885 bha a' bhòt a-nis aig mu 66% de na fir. Ann an 1872 chaidh achd a dhèanamh a thug a-steach siostam anns am faodadh gach duine bhòtadh gu dìomhair.

2. Thoir cunntas air na h-atharrachaidhean a thàinig air bhòtadh eadar 1850 is 1930. 3

*PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH*

**Seo an cuspair rannsachaidh:**

Rinn daoine ann an Alba an imrich gu dùthchannan eile air sàillibh bochdainn agus cruadail.

**Sgrùd na stòran gu mionaideach agus freagair na ceistean a leanas.**

**Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.**

Tha **Stòr C** bhon phàipear-naidheachd “The Scotsman”, 20mh an Gearran 1923.

**Stòr C**

Anns na h-Eileanan an Iar tha ùidh mhòr aig daoine ann an imrich. Tha an ùidh seo aig mòran de dhaoine òga air sàillibh suidheachadh a’ mhalairt ann an Leòdhas a bhith cho truagh. San fharsaingeachd tha gainne obrach air an eilean. Chan urrainn do chroitreachd tuilleadh gach feumalachd a thoirt do theaghlaichean. Bhon a chrìochnaich an cogadh cha mhòr gu bheil daoine air a bhith a’ bruidhinn air càil eile.

3. Dè cho feumail ’s a tha **Stòr C** mar fhianais ann a bhith a’ rannsachadh nan adhbhar a bh’ aig daoine ann an Alba airson a bhith ag imrich anns na 1920an? 3

Tha **Stòr D** a’ mìneachadh carson a bha mòran ann an Alba air an tarraing gu dùthchannan thall thairis.

**Stòr D**

Tha Eilean Bhancùbhair gu h-àraid tarraingeach do dhaoine a tha an dùil imrich a dhèanamh. Tha an t-sìde ann coltach ris an t-sìde an Alba, ach nas blàithe. Tha am fearann uabhasach freagarrach airson a bhith a’ fàs cruithneachd is barran eile. Tha e air leth math airson buntàta. Tha e furasta beathaichean àrach is thig iad air adhart gun dragh. Tha an Hudson Bay Company deiseil airson fearann a thoirt do dhuine sam bith à Breatainn a tha airson a dhachaigh a dhèanamh ann. Bidh an ath bhàta gu Eilean Bhancùbhair a’ seòladh sa Chèitean 1852.

4. Dè an fhianais a tha ann an **Stòr C** a chuireas taic ris a’ bheachd gun do dh’fhàg Albannaich an dùthaich air sàillibh bochdainn is cruadail?

Dè an fhianais a tha ann an **Stòr D nach** cuir taic ris a’ bheachd gun do dh’fhàg Albannaich an dùthaich air sàillibh bochdainn is cruadail? 5

5. Dè an ìre gu bheil thu ag aontachadh gun do dh’fhàg Albannaich an dùthaich air sàillibh bochdainn is cruadail?

Feumaidh tu fianais às **na stòran** agus **an t-eòlas agad fhèin** a chleachdadh gu co-dhùnadh a ruighinn. 4

[CRÌOCH COITHEACSA IB]

**Tionndaidh a-nis don Choitheacs a thagh thu ann an Aonad II.**

## AONAD II—CO-OBACHADH AGUS CÒMHSTRI EADAR-NÀISEANTA

COITHEACSA A: 1890an–1920an

## PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Cleachd an t-eòlas agad fhèin cuideachd sna freagairtean agad.

Tha **Stòr A** ag innse mu chùisean anns na trainnseachan sa Chiad Chogadh.

**Stòr A**

A h-uile taobh a shealladh tu chan fhaiceadh tu ach poll grànda agus tuill a rinn sligean is iad air lìonadh le uisge. An siud 's an seo bha corp a' cur ris an uabhas. Cha robh càil beò ri fhaicinn ach radan no dhà a' snàmh mun cuairt a' feuchainn ri talamh tioram a lorg is ar biadh a ghoid. Air an oidhche bha ceò buidhe a' crochadh os cionn a' phuill. Is gann a b' urrainn do dhuine cur suas ris an fhàileadh. Cha robh càil gar cumail a' dol ach smuaintean mu ar dachaighean.

1. Dè cho cudromach 's a bha an suidheachadh sna trainnseachan a thaobh a bhith na adhbhar cruadail do na saighdearan air an Aghaidh an Iar? 4

Tha **Stòr B** a' mìneachadh carson a chaidh Lìg nan Nàiseanan a chur air chois às dèidh a' Chiad Chogaidh.

**Stòr B**

B' e Ceann-suidhe Ameireaga, Woodrow Wilson, a' chiad duine a smaoinich air Lìg nan Nàiseanan. Bha e airson buidheann eadar-nàiseanta a chur air chois airson cothrom a thoirt do dhùthchannan a bhith a' co-obrachadh le chèile. Bha Wilson airson gun dèanadh an Lìg rèite far am biodh deasbad mu chrìochan. Chaidh an Lìg a chur air chois ann an 1920 agus rinn i obair chudromach a' stèidheachadh sìth. Os cionn gach nì, bha Wilson an dòchas gun cuireadh an Lìg stad air cogaidhean anns na làithean a bha ri tighinn.

2. Minich carson a chaidh Lìg nan Nàiseanan a chur air chois. 3

*PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH*

Tha na stòran a leanas mun chòmhstri eadar Breatainn 's a' Ghearmailt ro 1914.

**Sgrùd na stòran gu mionaideach agus freagair na ceistean a leanas.**

**Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.**

Chaidh **Stòr C** a sgrìobhadh le oifigear ann an riaghaltas Bhreatainn ann an 1902.

**Stòr C**

Tha sluagh na Gearmailt ag aisling gum faigh iad ìmpireachd mhòr. Tha iad a' creidsinn nach bi a' Ghearmailt na cumhachd mhòir san t-saoghal gus am faigh i seilbh air fearann thall thairis. Tha an dùthaich a' cur thairis le sluagh is bidh feum air seo airson leigeil leotha imrich. Tha ìmpireachd a' ciallachadh gum feum a' Ghearmailt nèibhidh mhòr a thogail. Nuair a thèid innse dhaibh nach eil coloinidhean air fhàgail canaidh iad gur ann leis an duine as treasa a bhios an saoghal. Tha àrd-amas den t-seòrsa seo gu follaiseach na chunnart do Bhreatainn.

3. Dè cho feumail 's a tha **Stòr C** mar fhianais air gun robh cùisean a' sìor theannachadh eadar Breatainn agus a' Ghearmailt ro 1914? 3

Tha **Stòr D** ag innse mun chòmhstri a bha ag èirigh eadar Breatainn 's a' Ghearmailt.

**Stòr D**

Bha còmhstri eadar Breatainn 's a' Ghearmailt na adhbhar mòr airson a' chogaidh ann an 1914. Bha an Kaiser a' creidsinn gun robh an t-àm air tighinn airson ìmpireachd a bhith aig a' Ghearmailt air feadh an t-saoghail. Bha seo na uallach do Bhreatainn airson nach robh mòran fearainn air fhàgail thall thairis. Bha eagal oirre gun cleachdadh a' Ghearmailt neart airson na bha a dhìth oirre fhaighinn. Nuair a thòisich a' Ghearmailt air nèibhidh nas motha a thogail chuir sin uabhas air Breatainn. Bha a' chòmhstri ach cò bu mhotha a thogadh de bhàtaichean-cogaidh na adhbhar mòr airson mì-earbsa eadar Breatainn 's a' Ghearmailt.

4. Dè an ìre gu bheil **Stòran C** agus **D** ag aontachadh mu na h-adhbhair airson mar a bha cùisean a' sìor theannachadh eadar Breatainn 's a' Ghearmailt ro 1914? 4
5. Dè cho iomlan 's a tha **Stòran C** agus **D** a' mìneachadh mar a bha còmhstri ag èirigh eadar Breatainn 's a' Ghearmailt ro 1914?

Feumaidh tu fianais às **na stòran** agus **an t-eòlas agad fhèin** a chleachdadh gu co-dhùnadh a ruighinn. 4

[CRÌOCH COITHEACSA IIA]

**Tionndaidh a-nis don Choitheacsa a thagh thu ann an Aonad III.**

## AONAD III—SLUAGH AGUS CUMHACHD

## COITHEACSA C: AN RUIS 1914–1941

## PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

**Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Cleachd an t-eòlas agad fhèin cuideachd sna freagairtean agad.**

Tha **Stòr A** a' mìneachadh carson a bha mòran Ruiseanach mì-riaraichte tràth sa bhliadhna 1917.


**Stòr A**

Tha mòran mhiltean den luchd-obrach a-nis air stailc ann am Petrograd. Tha sreathan de dhaoine acrach aig bùthan bhèicearan. Chan eil aran gu leòr sa bhaile. Cuideachd, bha ùpraiden ann an-dè an dèidh do chuid de na daoine bochda clachan a shadail air bùth a' bhèiceir. Tha an t-Arm air làmhachas-làidir a chleachdadh airson smachd fhaighinn air an t-sluagh air na sràidean.

1. Minich carson a bha mòran Ruiseanach mì-riaraichte ann an 1917.

3

Tha **Stòr B** mu dheidhinn na rinn Trotsky aig àm a' Chogaidh Chatharra san Ruis.

**Stòr B**

*An t-Arm Dearg a' geàrd na trèan aig Trotsky*

Bha Trotsky air ghluasad gun sgar a' brosnachadh nan saighdearan a bh' aig aghaidh a' bhlàir. Bha trèan àraid aige anns an robh stòr de armachd airson àm èiginn. Bha mòran armachd oirre agus grunnan de ghunnachan mòra. Bha fiù 's càr oirre. Bha eagal air na saighdearan gun nochdadh Trotsky is bha sin a' cumail smachd mhath nam measg.

2. Sgrìobh cunntas air na rinn Trotsky aig àm a' Chogaidh Chatharra san Ruis.

3



*PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH*

Tha na stòran a leanas mu na glanaidhean a chaidh a dhèanamh san Ruis anns na 1930an.

**Sgrùd na stòran gu mionaideach agus freagair na ceistean a leanas.**

**Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.**

Ann an **Stòr C** tha Stalin a' mìneachadh nan adhbhar a bh' aige airson glanaidhean a chleachdadh an aghaidh nàimhdean na Ruis.

**Stòr C**

Bu chòir eagal a bhith oirnn an-còmhnaidh bho ar nàimhdean calpaireach. Thug iad ionnsaigh an-ìochdmhor oirnn sa Chogadh Chatharra. Feumaidh sinn a bhith deiseil airson cur às dhaibh. Tha iad a' cur bhrathadairean a-steach do thìr an Aonaidh Shòibhiatach againn. Feumaidh sinn gach dòigh a chleachdadh airson am pronnadh agus an spionadh às. Feumaidh cùram a bhith oirnn an-còmhnaidh mu nàimhdean anns an Ruis. Tha mise glè chinnteach gum feum sinn na dòighean as brùideile a chleachdadh airson an cur sìos. Tha fios agam gun toir sibh uile taic dhomh.

3. Dè beachd Stalin mu bhith a' dèiligeadh ri nàimhdean na Ruis?

3

Tha **Stòr D** a' toirt cunntas air na Glanaidhean a rinn Stalin.

**Stòr D**

Sheall na Glanaidhean Mòra a chaidh a dhèanamh às dèidh 1934 cho an-ìochdmhor 's a bha Stalin. Bha amharas aig Stalin air a h-uile duine. Bha eagal air bho chogadh an aghaidh nan dùthchannan calpaireach san Iar is bha sin na adhbhar airson mìltean de bhàis anns an Ruis. Dh'aidich mòran de na seann Bhoilseabhaich gun robh iad air eucoirean iongantach a dhèanamh. Dh'aidich oifigearan san Arm gur e brathadairean Gearmailteach a bh' annta is chaidh an ceann a chur dhiubh gun dàil. Chaidh mòran eile a chur gu campaichean-obrach.

4. Dè an ìre gu bheil **Stòran C** agus **D** ag aontachadh mu Ghlanaidhean Stalin?

4

[CRÌOCH COITHEACSA IIIC]

## AONAD III—SLUAGH AGUS CUMHACHD

## COITHEACSA D: A' GHEARMAILT 1918–1939

## PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Cleachd an t-eòlas agad fhèin cuideachd sna freagairtean agad.

Tha **Stòr A** a' mìneachadh carson a sheas an Kaiser sìos san t-Samhain 1918.

## Stòr A

Sheas an Kaiser sìos airson a' Ghearmailt a shàbhaladh bho chogadh catharra. Bha a' chuid mhòr, mhòr de na Gearmailtich den bheachd gur e bu choireach airson na chaidh de fhuil a dhòrtadh sa chogadh. Bha mì-rian air tachairt mar-thà. An toiseach, is dòcha gum biodh e air a bhith comasach a' mhì-rian seo a stad le làmhachas-làidir, ach aon uair 's gun deach fuil a dhòrtadh bha an èigheach airson dìoghaltas ri cluinntinn air feadh na dùthcha.

1. Mìnich carson a sheas an Kaiser sìos san t-Samhain 1918.

3

Tha **Stòr B** mun Teine san Reichstag, 27mh an Gearran 1933.

## Stòr B



Dh'inns Goebbels do Hitler gun robh an Reichstag na lasair. Chaidh an togalach uile a sgrios. Chuir Hitler a' choire air na Comannaich airson an teine a thòiseachadh. Thuir e gur e fios a bha seo bho Dhia. Chleachd Hitler sin mar leisgeul airson am pronnadh le dòrn iarainn.

An Reichstag na theine

2. Thoir cunntas air na thachair air sàillibh an Teine san Reichstag.

3

*PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH*

Tha na stòran a leanas mu mar a bhathar a' cur an eagail air nàimhdean poilitigeach anns a' Ghearmailt Nadsaidheach.

**Sgrùd na stòran gu mionaideach agus freagair na ceistean a leanas.**

**Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.**

Ann an **Stòr C** tha oifigear aonadh-ciùird ag innse mu ionnsaigh a thug na Nadsaidhean air àrd-oifis nan Aonaidhean-ciùird.

**Stòr C**

Bhris saighdearan Nadsaidheach a bh' air an trèanadh airson ionnsaighean àraid a-steach don togalach is thòisich iad air losgadh. Chaidh an luchd-obrach a chruinneachadh còmhla gu brùideil 's an cumail an sin. Chaidh fear a bha roimhe na cheannard poilis a dhochann a-rithist is a-rithist gus an do chaill e a mhothachadh. Fiù 's an uair sin chaidh a bhreabadh 's a shlaodadh gu taobh eile a' ghàrraidh ann an ionnsaigh ro bhorb. B' e dòigh nàr a bha seo dèiligeadh ri seann saighdear a bha sa Chiad Chogadh. Chaidh fhàgail briste na bhodhaig is na inntinn. Cha b' e tachartas neo-àbhaisteach a bha seo idir. Cha robh anns an fheadhainn a sheall an dìmeas oillteil sin san ionnsaigh seo ach balaich nach robh ach 20 bliadhna a dh'aois.

3. Dè beachd an ùghdair mu mar a bha na Nadsaidhean a' cur an eagail air daoine? 3

Tha **Stòr D** ag innse mar a bhiodh na Nadsaidhean a' cur an eagail air daoine.

**Stòr D**

Tha na Nadsaidhean fhathast a' cur dhaoine an grèim agus a' dèiligeadh ris an luchd-obrach ann an dòigh oillteil. Falbhaidh iad le duine bho dhachaigh an aghaidh a thoil is cumaidh iad e airson seachdain no cola-deug. Thèid a dhochann a-rithist agus a-rithist. Gu tric thèid an dochann gus am bi iad gun mhothachadh. Fad na h-ùine bidh iad a' maoidheadh a chur gu bàs. Nuair a thilleas an duine dhachaigh bidh a' bhodhaig agus inntinn gun fheum. Agus seo mar a tha, latha às dèidh latha.

4. Dè an ìre gu bheil **Stòran C** agus **D** ag aontachadh mu mar a bhiodh na Nadsaidhean a' cur an eagail air daoine? 4

[CRÌOCH COITHEACSA IIID]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR CHEIST]

## ACKNOWLEDGEMENTS

Unit III Context D Source B—Photograph is taken from Page 49 of *People and Power: Germany 1918-1939* by Ian Matheson. ISBN 0 340 72532 X. Published by Hodder and Stoughton. Permission is being sought from Getty Images.